

# AG IONNSACHADH SAN SGOIL: Fiosrachadh do phàrantan agus luchd- cùraim mu ionnsachadh aig an Treas agus a' Cheathramh Ìre



Nuair a tha neach òg sa 1d, an 2ra no an 3mh bliadhna san àrd-sgoil, bidh a' mhòr-chuid ag ionnsachadh aig an Treas no a' Cheathramh Ìre. Bhon a thathar ag ionnsachadh thairis air dà ìre, faodaidh an tidsear co-dhùnadh a dhèanamh dè an dòigh as fheàrr dhan chlas no do aon neach òg fa leth.

'S dòcha gum bi e feumail dhan phàiste agaibhse cuid de na cuspairean ionnsachadh aig an Dàrna Ìre – faodaidh an tidsear bruidhinn ribh mun seo. 'S e an diofar eadar an Treas agus an Ceathramh Ìre gu bheil barrachd ga chur ris na cuspairean aig a' Cheathramh Ìre.

Tha pàirt den ionnsachadh còmhla ri daoine òga san sgoil mu **dhàimhean, cumail sàbhailte, fàs, am bodhaigean, sunnd faireachdainneil, gnè** agus **feise** agus **feisealachd**. Tha seo na pàirt den ionnsachadh Slàint' is Sunnd againn air a bheil *Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd*. Seo na prìomh rudan a bhios sinn ag ionnsachadh:

## **When it comes to relationships young people learn about:**

**Nuair a tha sinn a-mach air dàimhean, bidh daoine òga ag ionnsachadh mu:**

- Dàimhean gaolach agus mu nòiseanan do dhaoine eile
- A' togail dhàimhean fallain
- Spèis do dhaoine eile agus cho cudromach 's a tha coibhneas – an dà chuid aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne

## **When it comes to being safe young people learn about:**

**Nuair a tha sinn a-mach air a bhith sàbhailte, bidh daoine òga ag ionnsachadh mu na leanas:**

- Na meadhanan sòisealta agus sàbhailteachd air-loidhne
- Na tha sinn a' ciallachadh le aonta
- Droch dhìol ann an dàimhean phearsanta, a' coimhead air grumadh, a' gabhail brath feiseil, smachd air cèile, fòirneadh agus fòirneart
- Pòrn – dè th' ann agus dè an cron a tha na chois
- Galaran feise (STIs)
- Cò thuige a thig iad airson taic agus cuideachadh, a' gabhail a-steach seirbheisean fallaineachd feise

## **When it comes to growing up and learning about their body young people learn about:**

**Nuair a tha sinn a-mach air fàs agus ionnsachadh mum bodhaig, bidh daoine òga ag ionnsachadh mu:**

- Inbhidheachd agus mar a tha bodhaigean agus faireachdainnean bhalaich agus nigheanan ag atharrachadh mar a tha iad a' fàs – tha seo a' gabhail a-steach fuil-mìos agus fèin-bhrodadh

**When it comes to emotional wellbeing young people learn about: Nuair a tha sinn a-mach air sunnd faireachdainneil, bidh daine òg ag ionnsachadh mu:**

- Faireachdainnean làidir
- A' coimhead às an dèidh fhèin agus càch a chèile
- Beachd bodhaig agus uallaichean air daoine òga.

**When it comes to gender young people learn about: Nuair a tha sinn a-mach air gnè, bidh daoine òga ag ionnsachadh mu:**

- Gnàth-ìomhaighean gnèitheasach
- Co-ionannachd
- Gum faod iad a bhith mar a thogras iad fhèin nam balach no nan nighean
- Feimineachas
- Sàrachadh feiseil

**When it comes to being a parent/carer young people learn about: Nuair a tha sinn a-mach air a bhith nad phàrant no nad neach-cùraim, bidh daoine òga ag ionnsachadh mu:**

- Bhith nam pàrant agus an seòrsa pàrant a bhiodh annta
- Mar a tha breith leanabh ag atharrachadh beatha a' phàrant
- Factaran cudromach mu adhartachadh chloinne a' gabhail a-steach cho cudromach 's a tha àrach agus cluich ann am beatha bhèibidhean agus phàistean

**When it comes to sex and sexuality young people learn about:**

**Nuair tha sinn a-mach air feise agus feisealachd, bidh daoine òga ag ionnsachadh mu:**

- Aois aonta
- Uallaichean a bhios daoine a' faireachadainn a thaobh a bhith ri feise
- Gu bheil cuid de dhaoine òga leisbeach, gèidh, dà-sheòrsach no tar-ghnèitheach
- Gum bu chòir feise a bhith na rud tlachdmhor
- Leatromachd, casg-gin agus casgain
- Na tha sinn a' ciallachadh le feisealachd daonna
- Bun-bheachd còraichean feise

**Ciamar a tha sinn ag ionnsachadh san sgoil? How do we learn at school?**

Tha iongnadh air clann aig an aois seo. Tha ùidh mhòr aca ann an dàimhean eadar daoine, a' smaoinichadh air feise agus air a bhith ag ionnsachadh mun bodhaigean. Mar a tha daoine òga a' fàs nas neo-eiseimeileach agus ged a tha ionnsachadh san sgoil cudromach, tha iad cuideachd fhathast feumach air am pàrantan agus an luchd-cùraim airson coimhead às an dèidh, cùram agus gaol a thoirt dhaibh agus gus deagh ghiùlan agus deagh bheusan ionnsachadh dhaibh a bhios aca fad am beatha. San sgoil cleachdaidh sinn còmhraidh agus stuthan air-loidhne gus taic a chur ri ionnsachadh Slàinte is Sunnd.